



University
of Glasgow

Byrne, M. (2007) *Mairearad Ghriogarach: sùil thòiseachail air bana-bhàrd air dìochuimhne*. Scottish Gaelic Studies, 23 . pp. 85-122. ISSN 0080-8024

<http://eprints.gla.ac.uk/4814/>

Deposited on: 14 April 2009

MAIREARAD GHRIOGARACH: SÙIL THÒISEACHAIL AIR BANA-BHÀRD AIR DÌOCHUIMHNE

An Duanaire

Gheibhear lethbhric den leabhar ‘les an Ughdar Donncha Mac Intoisich’ *Co-chruinneach dh’Òrain Thaghte Ghaealach nach robh riamh ann an clo-buala* (Ghriogarach 1831), ann an Leabharlann Nàiseanta na h-Alba (trì lethbhric), leabharlannan Oilthigh Dhùn Èideann (dà lethbhreac) is Oilthigh Obar-dheathain, agus Leabharlann Poblach Inbhir Nis – a bharrachd air an leabhar aig Roinn na Ceiltis Oilthigh Ghlaschu.¹ ’S e leabhar beag a tha ann (18.5 × 10.5 cm) air a chlà-bhualadh ann an Dùn Èideann ‘by John Elder’, agus 214 taobhan-duilleig de bhàrdachd ann.

Tha an ro-ràdh ‘To the public’ aig Mac An Tòisich a’ mìneachadh cò rinn a’ bhàrdachd a tha san leabhar:

The following Songs are chiefly the composition of Margaret McGregor, wife of Donald Gow, Auchinrie, Parish of Blair-Athol; and of Duncan McGregor, Braes of Foss; accompanied by a few more ancient and modern songs, never before in print; carefully collected from the most authentic oral sources, and now for the first time offered to the Public; that, by their local associations, they might foster that patriotic spark, which glows so brightly in the breast of every true Highlander; as well as to keep in remembrance our ancient Language, of which we are so justly proud.

Duncan Mackintosh. Edinburgh, August, 1831.

Anns an leabhar tha trithead òran ’s a ceithir le Mairearad Ghriogarach – ’s e sin, an cruinneachadh as motha de bhàrdachd Ghàidhlig le boireannach mus nochd an obair aig Màiri Mhòr aig deireadh an linn. Còmhla ris an stòras seo tha còig òrain air an cur as leth Dhonnchaidh ‘Bròcair’ Ghriogaraich, am Bràigh Fasaich;² còig òrain le ‘Anna Ghobha’; còig òrain le ‘D___ G___’ ’s a trì le ‘Donncha Gobh’; agus 22 òran eile (òran sa bheurla Ghallda nam measg), a trì dhiubh le bàird ainmichte.

Tha e nochdaidh na tha ann de mhi-riaghailteachd ann an litreachadh an leabhair, agus de mhearachdan is de thro-chèile anns a' chur-air-duilleig (a thaobh fhaclan, shreathan is rannan). Mheas Deòrsa Caimbeul Hay: 'The spelling of the book we have here recalls that of the first two editions of Duncan Bàn MacIntyre, although, in its turn, it approaches the modern norm more closely than they do. ... From the orthography this book would appear to date from before 1800' (Hay 1960). As aonais sgrùdadh nas doimhne air litreachadh an leabhair, shaoilte gur ann bho làmh-sgrìobhainn a bha an clò-bhualadair ag obair, nach robh Gàidhlig aige, agus nach d'fhuair Mac An Tòisich an cothrom dearbhaidhean a cheartachadh.

Na Bàird

A bheil dàimh sam bith eadar na bàird a tha air an ainmeachadh anns an duanaire? Tha e coltach bho òran B4 aig Mairearad³ gum b' e Donnchadh Bròcair Griogarach a bràthair, ged nach eil guth air anns an eachdraidh-theaghlaich a chithear gu h-ìosal. Innsidh Pòl Camshron à Raineach dhuinn, na thaghadh de dh'òrain is bàird à Siorrachd Pheairt, gum b' i Anna Ghobha nighean Mairearaid (Camshron 1892: 164), agus is cinnteach gu robh nighean aig Mairearad is Dòmhnall Gobha air an robh Anna, a rugadh ann an 1788 (OPR Births 334/ 0020 0112). Innsidh Camshron a bharrachd gun robh Anna 'fuireachd aig Cuiltelosgainn ann an Gleann-eireachdidh', agus gun robh i 'comharaichte air eideanan Chathdathan a dheanamh agus tha dearbh agam gu'n robh an taigh aice ri beo gun mhàl. ... Chaidh Anna Ghobha gu a dachaidh bhuan ma dha fhichead bliadhna air ais [= mu 1850].' (Camshron 1892: 164.) Tha dà òran aice anns an leabhar a leigeas fhacinn a h-inbhe mar bhreabadair, 's i a' dèanamh èididh do Chòirneil MacDhòmhnaill, Caiptean Mac Coinnich Ghruineaird agus MacCoinnich Mòr Chinn t-Sàile (Ghriogarach 1831: 99, 105). Chan eil Camshron ag innse an robh i cuideachd comharraichte air bhith connspaideach, ach tha litir gu 'Ann Gow' bhon t-seann MhacDhonnchaidh (an Còirneil Alastair Robastan) ann an 1820 a' gealltainn nach tèid a fuadach 'from the house you built at Cultaloskin as long as you conduct yourself as a quiet and peaceable neighbour' (Kerr 1992: 404; an litir fhèin gun lorg fhathast).

Cò a-nise am ‘Mac Intoisich’ a chuir ainm fhèin air an duanaire? A rèir nan eachdraidhean Griogarach a sgrìobh Alastair Inbhir Chadain sios,⁴ phòs a’ phiuthar as sine aig Mairearad fear Donnchadh Mac an Tòisich, agus phòs piuthar eile aice Mac an Tòisich eile, agus bha clann às an dà phòsadh (MacGregor 1831?: 293); leigeadh sin a chreids gur dòcha gum b’ e mac-peathar aig a’ bhana-bhàrd a dheasaich a cuid òran. Tha am maighstir-sgoile Donnchadh Caimbeul ag innse gu robh an deasaiche gu dearbh càirdeach don bhana-bhàird agus ‘[gur] e Donnacha Gobha is tric a theirear ris’ (Caimbeul 1886),⁵ agus a rèir Chamshroin, b’ e ‘MacIntoisich’ Donnchadh Gobha mac Phàdraig mhic Dhòmhnail Ruaidh (’s e sin, ogha an duine aig Mairearad), ‘a chuir a mach orain bhinn bean a sheanar ... agus a chuir ainm fhein air toiseach an leabhair’ (Camshron 1892: 165). ‘Rugadh Donnacha anns an Tulaich ’an Gleann-eireachdidh mu 1806. Phos e te mhuintir Shiorrachd Rois, theasd e ’n Duneidinn mu 1846’ (*ibid.*). Tha e soilleir bho aon òran aig Mairearad gu robh mac aig Dòmhnall Ruadh air an robh Pàdraig nach buineadh dhi (C7); innsidh na clàraidhean Seisein gun do rugadh Pàdraig dà bhliadhna mus do phòs Dòmhnall is Mairearad.⁶ Anns na clàraidhean paraiste chithear gun do rugadh Donnchadh mac Phàdraig Ghobha ann an 1804 (OPR Births 334/0020 0208). Tha Camshron ag ainmeachadh Donnchadh mar bhàrd, agus ’s e an eisimpleir a tha e a’ taghadh de a chuid bàrdachd, òran a nochdas cuideachd ann an duanaire 1831 air a chur as leth ‘D ___ G ___’. Faodar gabhail ris, ma-thà, gur e ‘Donnacha Gobha’ agus ‘D. G.’ an aon duine, Donnchadh mac Phàdraig Ghobha. Chan eil Dòmhnall MacGill-eain, ann an *Typographia Scoto-gadelica*, ag ràdh dad mun Donnchadh seo, ach thà e a’ daingneachadh gur e bàrd a bha ann an ‘Mac Intoisich’:

The copy before us has bound up with it a Pamphlet of 24 pages of Gaelic songs headed ‘Orain Ghaelach’. The printer was Menzies, Lawnmarket. ... Mr. Duncan Maclaren of Clachaig House, aged eighty-two years (1902), says that Macintosh was the Author of the songs in the Pamphlet. He was known as ‘Am Bard Mùgach’ – ‘the Sulky Bard’. (Maclean 1915: 229–30)

Tha lethbhreac den ‘cho-chruinneach’ leis an dearbh leabhran seo aig Leabharlann na Nua-Cholaiste, Oilthigh Dhùn Èideann, agus aon dàn gu follaiseach ann le bàrd air a bheil Mac An Tòisich.⁷

Mairearad Ghriogarach

Mun a’ bhana-bhàrd fhèin sgriobh Pòl Camshron:

’S i so mo roghainn de ar luchd-oran, am boireannach aoidheil bhanail. Tha sruthanan blatha caoimhneil, a ghnath a’ ruith am measg a cuid luinneagan sunndach; mòr ghràdh do ’cairdean agus fìor speis do duthaich. Bu nighean i do Pharra mòr Mac-griogair, bh’ ann an Camuseireachd-mor ’am Braigh-Raineach. Phòs i Dònall ruadh Gobha, agus bha ceathrar theaghlach aca a thainig gu aois. Theasd Mairearad mu 1820. ... [B]ha [Dònall Ruadh] na thuathanach an Ach-an-ruidhe’. (1892: 168–9)

Tha seo a’ dol leis na tha eachdraidh Ghriogaraich Rainich ag innse mu ‘Shliochd Dhòmhnail ’Ic Phàdraig’ an Àrd Làraich (tuathanas air taobh an iar-thuath Loch Raineach):


IV. [an 4mh Fear Àrd Làraich] Para-more, a very athletic and brave man, of whose valour many anecdotes are still retained. He married Cirstan, daughter to Donald McGregor, commonly called Fear-fada-choin-uidhir, by whom he had six children:

- 1st John [Iain mac Phara Mhòir] of whom more afterwards.
- 2^d Cirstan, married to Duncan McIntosh, and left issue.
- 3^d Elisabeth married to Malcolm McIntosh, and left a numerous family.
- 4th **Margaret, a poetess of no inconsiderable merit, married to Donald Gow in Achinruidhe, and had issue.**
- 5th Janet married to Donald Stewart in Glasgow, and had issue.
- 6th Patrick who died young.

He lived in Camuserochd-more⁸ in his younger days, but subsequently removed to Ardlarich, where he died. He was succeeded by his eldest son ...

(McGregor 1831?: 293)⁹

Craobh sioinntearachd Mairearaid Ghriogarach



clò eadailteach: air (h-) ainmeachadh ann an McGregor 1831?
 [] : òrain anns a bheil iomradh air/oirre

'S ann leis a' Mhèinnearach Mhòr (Menzies of Weem) a bha an Slios Min (taobh tuath Loch Raineach), agus an taobh a-deas ('Slisgarrow', an Slios Garbh) na dhùthchas do Chlann Donnchaidh ach fo làmh an Riaghaltais gu ruige 1784 (Small 1755: 31; Robertson 1860). Leis a' chasg a chaidh a chur air còirichean nan Griogarach eadar 1603 agus 1774 (Campbell 1984: 26–7), ach a-mhàin ùine bheag bho na 1660an gu na 1680an, cha bhiodh dùil gur e fear oighreachd a bhiodh ann am Para Mòr, ge bi an inbhe a bhiodh aig an teaghlach ann an sùilean a' chinnidh – mar a chanadh Mairearad fhèin: 'Tha mi 'shiòl tuath a b' fhiach an luaidh gar am bheil¹⁰ iad fuaighte ri oighreachd' (C2).

Chan eil fianais ann gun do ghabh Para Mòr pàirt ann an àr-a-mach nan Seumasach (1745–46), ach tuigear bhon bhàrdachd aice gu robh Mairearad fhathast òg nuair a dh'eug h-athair:

Ann an teaghlach ar n-athar bu mhòr ar n-aighear 's ar n-àileas,
Leis gach nì dhèanadh math dhuinn am fad 's bu mhaireann thu
Phàdraig;

Ach rinn an t-eug an trom chreachadh ann an toiseach ar làithean –
Ciod e stàth dhomh bhith 'g acain on 's beart bha an dàn e.¹¹

(B3, rann 4)

A rèir òran C6, phòs a màthair ('Ciorstan' ann an McGregor 1831?) fear eile, Eòghan mac Alastair Griogarach:

'S ann do m' chinneach a tha thu, tha sinn càirdeach dà uair,
Cha nàr e ri luaidh gum buineadh tu dhòmhs';
Fhir tha pòst' aig mo mhàthair an àit na bheil uam,
Cha tug mi dhut fuath 's cha toir e rim bheò. [‘d thoire’]

Agus a rèir Òran C3, 's ann 'glè òg' a dh'fhàg Mairearad a dùthaich. Tuigear bhon òran aotrom C1 gu robh i aig seirbhis ann am Peairt, aig Griogarach à Srath Spè, agus bho fhianais Òran D2 gu robh i greis a' frithealadh sgoil anns a' bhaile cuideachd:¹²

Cha robh neach air bhith 'g iarraidh orm triall gu machair nan Gall,
Ach thuig mi gum b' fheàrrd mi ràith an t-samhraidh thoirt ann;
'S mòr an stàth tha san ionnsach, bheir e tionnsgal don tràic,
'S neach sam bith ga bheil tùr cha leig à chuimhne e gu bràth.

Agus, co-dhiù a bu chòir òran C2 fhilleadh do bheatha na bana-bhàird aig an àm seo, chithear ann an rann 2 mar a bha foghlam air a mheas (faic Èarr-ràdh 2).

An e nach robh sgoilearachd sam bith aig Mairearad roimhe seo? Nam b' ann air taobh a-deas an locha a bha i air a h-òige a chur seachad anns na 1750an, tha e glè choltach gu faigheadh i beagan oideachaidh ann an leughadh na Beurla, Leabhar nan Ceist, cunntadh is fuaghal, 's dòcha aig Dùghall Bochanan fhèin no a bhean (Wills 1973: 30; Millar 1909: 211–12). Bha sgoil aig an SSPCK air ceann an-iar an locha, mu choinneamh Àrd Làraich, ann am Fionnart (Small 1755: 30). An robh cothrom aig muinntir an t-Slios Mhìn do na leasachaidhean air an t-Slios Gharbh? Tha tuilleadh rannsachaidh a dhìth airson stèidheachadh dè na cothroman foghlaim a bha ann dhan t-sluagh ann an oighreachdan nam Mèinnearach aig an àm seo. Is cinnteach, ge-tà, gu robh de Bheurla aig Mairearad ann an 1784 a leigeadh leatha òran molaidh (làn de chomhardadh Gaidhealach) a dhèanamh do MhacDhonnchaidh, 's e air ùr thighinn na oighreachd, fiù 's mura robh a grèim air a' chànan buileach daingeann:

It's now enjoy come to light,
O'er all Scotland to sing and dance,
There is great occasion except the saying,
That you'r safely come to your right.

Your Highland glens will reform their grief,
Through Rannoch braes the same rehearse,
With great desire will make bonfire,
Our liquor dry'd with all your health.

Colonel Robertson was your name,
As abroad you have lately been;
But now it's truly your right renewed,
The heir of Strowan and chief of kin. (A1, rr. 3-5)

Aig àm a pòsaidh (18 Iuchair 1775) bha i a' fuireach ann an 'Sleach' (OPR Marriages 334/ 0010 0359, no.993), baile beag no tuathanas a tha nise na laighe air grunnd *reservoir* Loch Earrachdaidh ('Sleoch', Stobie 1783),¹³ ach thuinich i air fearann teaghlach Dhòmhnail,

tuathanas Ach' an Ruidhe an Gleann Earrachdaidh.¹⁴ Chithear bho chlàraidhean màil gu robh fear 'John Gow' a' còmhnaidh ann an tuathanas Ach' an Ruidhe ann an 1755 (còmhla ri trì theaghlaichean eile agus cotairean), aig an robh dithis mhac fo aois 10 bliadhna (HMSO 1973, 40)¹⁵. Ann an 1775, a' bhliadhna a phòs Dòmhnall Ruadh is Mairearad, tha an dara leth den tuathanas air a roinn eadar 'Donald Gow' agus tuathanach eile (NAS E.788; Kerr 2007: 174), agus tha sin fhathast aige ann an 1799 (Kerr, 174–5), ach ann an 1803 's e 'John Gow' (am mac as sine?) a tha air am fearann a ghabhail thairis (Kerr, 175).

Shaoilear bho òran C3, ma ghabhar ri fiosrachadh an tiotail, gu robh Mairearad trom mus do phòs iad. Bha 'prenuptial fornication' na adhbhar gairm chun an t-Seisein, ge-tà, agus chan eil an dithis a' nochdadh idir air clàraidhean-seisein Bhlàir is Shruthain. Chan eil e soilleir bhon òran fhèin dè an suidheachadh anns a bheil i 's leatrom oirre – am bu chòir rann 4 (ss. 1-4) a thuigsinn mar chuimhne air na thachair, no mar rabhadh air mar a dh'fhaodadh tachair? A bheil rann 1 a' sealltainn gur e freagairt a tha san òran do chùl-chàineadh a bha a' dol ma deidhinn, ged nach leigeadh a' bhana-bhàrd leatha fhèin aoir a dhèanamh air a luchd-càinidh?

Tha e coltach co-dhiù nach bu mhaireann an toircheas: anns na clàraidhean paraiste chan eil lorg air pàiste ga bhaisteadh ro 'John' ann an 1779. Thàinig còignear eile as a dhèidh: Donald (1780), Margaret (1782), Margaret (1785), Ann (1788) agus Charles (1790) (OPR Births 334/ 0020 0044, 0059, 0072, 0097, 0112, 0126).¹⁶ Tuigear gun do dh'eug a' chiad Mhairearad ro aois a ceithir. A rèir Chamshroin cha robh ach ceathrar dhaoine-chloinn aca a thàinig gu ìre,¹⁷ agus tha iomradh anns na h-òrain air clann a fhuair bàs tràth: 'Teàrlach agus Alastair anns a' chill gun charachadh' (C4), rud nach eil am màthair a' gearan:

Ged thig cog' is aisith oirnn
 Is rìghrean togail bhrataichean,
 Mheud 's a chuir mi an tasgaidh dhiubh
 Cha ghlacar anns an tòir iad.

Ged fhaicinn deise scàrlaid orr'
 A chuireadh moran deàrladh orra,

Gum b' fheàrr leam sibh bhith sàbhailte
Na bhith fo phàidh Còirneil.

Chan eil ann anns an t-saoghal seo
Ach truailleachd is caochlaideachd,
Gur mòr an t-adhbhar greadhnachais
Do neach a chaochlas òg ann.

Agus canaidh i nach olc leatha an còrr de beatha a chur seachad ann an Athall, agus 'mo rùin-s' ann fo na bòrdaibh' (D4), 'pàirt do m' chloinn ann an Sruthan, an cist dhùinte nan tarraing' (B3).

Rinneadh cuid de na h-òrain, a rèir coltais, nuair nach robh Dòmhnall Gobha fhèin aig an taigh. Ann an òran tàlaidh (C10) tha Mairearad air an àirigh le clann òg, 'am bothan nan seachd suidheachan', agus an athair am Blàr Athaill aig na rèisean ('am blar oig na reisan'):

Tha am fraoch cho fliuch 's cha seid e dhomh, chuir siud gu èiginn mhòr mi,
'S pàistean air bheag cèill agam, gun annta feum gum chòmhnadh.

Gur diùmach do Dhiùc Athaill mi, le aighear is le ghòraich,
Nuair thog e an-toiseach rèismaid, 's tha nis an rèis air tòiseach.¹⁸

Ann an Òran C7, 's ann air Dùn Èideann a rinn Dòmhnall, a bhràthair, agus a mhac Pàdraig, gus obair a shireadh (a rèir tiotal an òrain) mar luchd-giùlan chathraichean *sedan*, obair a bha ga dèanamh le fireannaich Gaidhealach an dà chuid sa phrìomh bhaile agus an Glascho, a rèir chunntasan an ama (Byrne 2007: 73). Tha an t-òran a' dol bho mholadh an triùir gu bhith a' brosnachadh mnathan na coimhearsnachd, 's iad fortanach nach ann gu cogaidhean Napòleon a dh'fhalbh am fir:

'S i seo bliadhna na dunach chuir gach duine gu luim',
Lag phris air an fheudail chuir èis air an dùthaich;
'S ioma fear chaidh Dhùn Eudan nach gèilleadh chion tùir,
Siud am fàth mun leubh mi mu dheidhinn an triùir.

Bithibh am misnich mhnathaibh, na laidheadh oirbh gruaim,
 Fhad 's a dh'fhanas na Frangaich thall thar a' chuain;
 'S math nì dhuibh bhith sàmhach, 's càch an càs cruaidh
 Cumail coinnidh ri 'n nàimhde gan sgàlt anns an ruaig.

Dhèanainn siud ribh air chùmhnannt nach biodh grùig oirbh no bròn,
 Nàil chumainn san dùthaich ribh ùrachadh ceòil,
 On is nì e tha am phuthair, ar leam gum b' e choir
 Bhith cur seachad na dùlachd ri sùgradh gun ghò.

(Rannan 1, 13, 14)

Ann an Òran C9 tha i a' toirt taing do na nàbaidhean a thug taic dhi nuair a thuit stuadh an taighe am broinn a chèile ri oidhche gheamhraidh agus Dòmhnall is Pàdraig air falbh. Tha an t-òran a' tarraing dealbh mionaideach beothail den droch thubaist, mar a thàinig a' choimhearsnachd gu cobhair an teaghaich agus an t-saothair a bhiodh romhpa gus an taigh a ath-thogail:

Bidh dragh no dhà ri ùine anns a' chùis seo mas maireann oirnn:
 Bidh dèilichean is cùilean ri ghiùlan à Raineach leinn,
 Bidh saor ri thoirt gan dlùthadh mar ùrachadh barantas,
 'S bidh pàirt a dhalach dùbailt [?] ri thoirt à bùth nan ceannaichean.

Oighreachdan is Uachdarain

Mar ri Mairearad eile, a' bhana-bhàrd mholaidh Abrach 'Mrs. Cameron' (Cameron 1785), chomharraich Mairearad Ghriogarach toirt-air-ais nan oighreachdan Seumasach ann an 1784 le òran A3 (a bharrachd air an òran Bheurla A1), a tha a rèir Deòrsa Hay 'of considerable historical importance': on a gheibhear mac-talla ann de na h-òrain air Là Chùil Lodair aig Iain Ruadh Stiùbhart (gu h-àraidh ann an r. 2), 's fheudar gu bheil am fiosrachadh aig a' bhan-Ghriogaraich stèidhte air '[a] direct account or tradition about the actual event' (Hay 1960). Tha Michael Newton a' dol nas fhaide 's e ag ràdh gur e buaidh an Stiùbhartaich fhèin a tha ri faicinn an seo (Newton 2003: 53), agus 's fhiach cuimhneachadh gu robh màthair athair Mairearaid na Stiùbhartaich, a rèir òran E2 agus eachdraidh Inbhir Chadain.¹⁹

Cluinnear ann an òran eile don Robastanach (A2) gun d'fhuair Mairearad aithneachadh mar bhàrd ann an talla a' Chòirneil:

Ann an uachdar a thaighe 's tu bu fhilathail a sùile ann,
Le do chridh fial farsainn, bheirteadh meas air luchd ciùil leat,
Fuaim nan teud an àm cadail leat a b' ait ann ad rùm e,
Pìob ga speuc b' e d' fhasan anns a' mhadainn 'n àm dùsgadh.²⁰

Bu mhòr do thlachd do luchd òran, 's b' e do dheòin bhith gan
cluinntinn –
'n àm bhith gabhail mo cheòil dut, Rìgh bu mhòr mo thoil
inntinn!
Fhuair mi meas aig do bhòrd-sa nach tèid rim bheò às mo
chuimhne,
Fhuair, is gealladh air [do] chàirdeas nam biodh tu làthair an
dèidh seo.

Tha e air a ràdh nach deach fuadaichean a chur an sàs idir le uachdarain Chlann Donnchaidh (Moncreiffe 1979: 21). Ach cluinnear ann an corra òran le Mairearad mun dith tèarainteachd fon robh an tuath beò ri a linn. 'S e thug oirre òran a dhèanamh da h-oide (C6) gu robh e air làimhseachadh neo-thruacanta fhulang air oighreachd nam Mèinnearach:

'S iongnadh leams' am factair th' aig Sir Raibeart nuaidh,²¹
Nach do ghabh e riut truas dheagh mhic Alastair òig,
'S nach tug e dhut laigse on tha am baile cho cruaidh, [?'laig sa']
Duilich àr agus buain 's cumail gu dòigh.
Tha mi meallta mur call dha ma dh'fhàgas tu uil' e,
Cha tig gu bràth ann ad àit' fear 's fheàrr fulang na thu,
Tha thu foghainteach làidir a chumail d' àite fhèin suas –
'S e mo dhuilichinn cruaidh gun tuille fod sgòid.

Tha i ag ainmeachadh an fhearainn a bheireadh i fhèin dha nam bu leathase an Slios Min, 's far an togadh i taigh geal dha '[nach] b' urrainn do ghluasad às tuilleadh rid bheò', agus mu dheireadh tha i a' faighinn coire anns na daoine sin nach do chum ri am facal ann an gnothaichean malairt leis:

Tha iad eòlach air m' oide an deas is an tuath,
 Gu bheil mi fo ghruaim nach robh mi ad chòir,
 Fhir cheannaicheadh na h-eich 's [bhiodh] gan reic le buannachd,
 Nan cumadh an sluagh ri tagradh am beòil; ...
 Gach neach chuir an call thu, biodh an nàire dhaibh fhèin,
 B' e sin mòr am beud bhith gad mhill-sa Eòghain.

Tha i a' tighinn faisg air bhith a' faighinn coire anns na h-uachdarain fhèin na òran don tuath san t-Slios Mhìn (D1), 'far am bu lionar mo mhuintir, ... / [s] iad nis air an dùsgadh le ùrachadh gluas'd', ach tha i ag aithneachadh cho beag comas is a tha aicese a bhith bruidhinn a-mach ma dheidhinn no aig an tuath a bhith a' cur na aghaidh:

Tha m' aire ri Raineach 's mi 'teannadh na chòir,
 Cha bhinn leam an aithris tha ri linn an tighearn' òig:
 Na daoine gan carach le caraid cho mòr
 'S nach fhaodar leam aithris mo bharail air dòigh.

Na fìor dhaoine còir bha an seòrsa ann riamh
 A shìol nam fear mòr b'fheàrr còir air an tìr;
 'S olc thig riu an sròn bhith ga còmhlach le srian,
 A-nis a bhith gan sònrach air pòrson cho crìon. (Sèist is r. 2)

Chan eil de chomhairle aice ma-tà ach a bhith gabhail ris an t-suidheachadh is buannachd a lorg às; ri fear 'Iain Bàn': 'Ma fhuair thu an acair, cuir a bheartas mu làimh, / Gabh socair dod phearsa 's chan fhaic thu an call'; agus ri h-oide: 'Ged dh'fhàg iad thu falamh, na gearain nas mò', 's ann a bhios e a-nise nas faisg oirre fhèin ('s e air gluasad a dh'Inbhir Chadain, goirid do Cheann Loch Raineach), agus nas giorra do na fir mhòra 'nach truaillleadh am facal 's gam b' fhasan a bhith àrd', Stiùbhartaich ghasta Athaill. Tha ochd rannan de theagasg spioradail a' leantainn (air turas Clann Israel gu talamh Chanàan agus corraich Dhè ri adhradh an iodhail brèige). Dh'fhaodadh nach eil teachdaireachd buileach umhal aice, a rèir mar a thuigear 'rioghachd' anns an rann mu dheireadh, ach 's e as coltaiche gu bheil i a' moladh seasamh fulangach, mar a dhèanadh gu leòir ri a linn:

A chuideachda dhileas, bithibh dìreach gach uair
 Ann an onair 's am firinn, is bidh sibh cinnteach à duais:
 Gheibh sibh còir air an rìoghachd mar ri sith anns an uaigh,
 Solas gun chrìch ann an sìorraidheachd bioth-bhuan.

Na Bràithrean an Cogadh Ameireaga

Tha caraigtear na bana-bhàird a' sioladh tric gu leòir chugainn tro a cuid òran. Tha i mothachail don ghibht aice, gur ann bho seanair a thàinig e (C3), gu bheil e mar dhleastanas oirre an tàlann aice a chur an sàs, ach air uairean gum faigh i càineadh air a shon (A2, B5). Ach tha pearsantachd sònraichte beothail a' tighinn am bàrr anns an dòrlach òran a rinn Mairearad do a bràithrean Iain agus Dòmhnall (faic Èarr-ràdh 2 airson B1-3, B6). Tha cur-an-cèill glè bheartach ann an B1, òran mòr ann an 'iorram sùbailte': an dà chuid fiosrachadh air a teaghlach (tha a bràithrean agus bràthair a h-athar Donnchadh²² anns a' chogadh; thuinich Iain ann an 'provans Niu York' mus do bhris an cogadh; tha Iain a-nise na chaiptean), agus beachdachadh aice fhèin air cogadh is fòirneart agus air cliù na saighdearachd, air ceistean spioradail agus air faoineas bàrdachd mholaidh ('Cha tèid mi ràdh ach an fhirinn, / Chan e do mholadh a nì mi').²³

Ann an òran eile (B2), 's i ag ionndrainn Iain is Dòmhnall a tha a-nise an Nova Scotia, tha i ag aithneachadh an uallaich as dual dhi mar bhoireannach: nan robh i na '[d]uine tapaidh treubhach' ghabhadh i loingear a dh'Ameireaga gus a bhith còmhla ri bràithrean, ach on is boireannach i le clann, feumar 'an nì sin leigeil tharam'. Cha chuir gèilleadh don Fhreastal gu tost i, ge-tà – ann an òran B3, 's i ag ionndrainn nam bràithrean an Nova Scotia agus a piuthar an Glaschu, tha i a' mineachadh a-rithist carson a dh'fheumas i fuireach far a bheil i: tha an t-eagal oirre ron mhuir (?), agus tha clann aice a-nise tiodhlaichte an Athall.

Iain Phara Mhòir

Thèid cruth a chur air Iain, am bràthair air as motha a tha aire Mairearaid ann an B1, tro thùsan eile. Tha gu leòr aig MacGriogair Inbhir Chadain ri ràdh ma dheidhinn (MacGregor 1812: 293–6):

Ian-mac-Phara-mhoir, who upon the death of his relation, Alister mac Gilespa-ruaidh, and his male issue, is now allowed to be Lineal Representative of the family of Ardlarich, and eventually of that of MacGregor. He was a powerful man, of undaunted spirit, and many anecdotes are still related of his prowess and daring feats, both while in this country, and since he emigrated to America.

He was when a young man in the capacity of footman to Sir Robert Menzies of that ilk, whose service he left, rather than submit to the indignity of asking Lady Mary Menzies pardon for an alleged offence, whilst he conceived himself to be in the right.

He afterwards took the Grazing Farm of Stronchon // from Mr Robertson of Achleeks, and had many notable frays with Donncha-buidhe, Laird of Trinfour [sic] about marches &c.

He first married a daughter of Fear-nan-Coireachan, in Argyleshire, with whom he went to America, and settled in the provinces of New York, previous to the breaking out of the American War in the year [sic]. The revolters offered him a Captain's Commission in their own service, but he preferred joining the British, upon which his whole property was seized, and confiscated. The British Government offered him a Captaincy also, which he accepted, and was generally employed with the Commissary General's department, where he had many opportunity of being revenged upon the Americans for the treatment he had received at their hands— which so annoyed them, that they offered a handsome reward for his head— dead or alive, and he had many hair-breadth escapes from them. He owed his life more than once to the swiftness of the Mare which he rode. Upon one occasion her Mane was perforated in several places by the American Balls, but like Tam-O-Shanter's Grey Mare Meg, she brought off her Master hale.

The British army was, upon one occasion much straitened in their quarters for Provisions— being quite surrounded by the enemys land forces on the one side, which cut off their foraging parties, and the French fleet lay moored before them round an Island. Nor were they in condition to attack either, till re-inforced. In this dilemma, // a council of War was called to devise

what was best to be done, when it was resolved that they could do no better than to surrender. John was present and was much displeased at the above resolution, and offered that if he was allowed a proper party, he would attempt some of the Enemy's Transports which lay close to the before-mentioned Island. His name for bold and daring exploits was by this time become proverbial in both camps. He was readily allowed a party of his own selection and being favoured by the darkness of a boisterous winter night, he quite succeeded in cutting the cables and carrying off one of the Enemies ships, laden with oxen &c unobserved. The consternation of the Enemy in the morning, upon discovering their own loss, and upon seeing their ship safely moored in possession of the British, was bordering upon madness, and the Admiral is said to have exclaimed in his phrenzy, that 'There was not a man in the British camp who would dare to make the attempt if the Notorious McAlpine had kept away.' This was overrating his bravery perhaps, but it happened to be "the Notorious McAlpine" that had done it.

At the commencement of hostilities, it was held out as an inducement for the Inhabitants to join the British standard, that the British Government would indemnify them for any loss they might sustain in consequence, from the Americans. At the conclusion of the war, John proffered his claims accordingly, which were very considerable, his family having been plundered seven times. But from the magnitude of his claims, the Government demurred, // and subsequently rejected them altogether, which put him to a good deal of trouble and expenses before he could establish them. He was obliged to present himself in London, three times, and ultimately, upon procuring Testimonials of his brave and eminent services, from the General Officers who commanded, his claims were allowed in full, and a salary, equivalent to a Captains full pay, settled upon for life.

He afterwards published an account of all his difficulties, and of the share he took in the war. He is still alive, and in good circumstances, near Halifax. He has had four wives, by whom he had had four sons. His age is about 80 years. (1831).

'S e am fear-lagha John MacGregor, ogha Inbhir Chadain (Stewart 1928: 281) a tha ag innse, ann an nota an cois a' chunntais, gun do chuir Iain leabhar a-mach: 'His further adventures will be found in 'Genuine Narratives and Concise Memoirs of J. McAlpine, a native Highlander', published at Greenock in 1780 (being the first book published in that town) reprinted in 1883' (MacGregor 1831?: 296). Chan e fèin-eachdraidh gun amas ard a tha san leabhar, ach aithris air na dh'fhuiling is na chaill Iain air sàillibh a dhìlseachd do Bhreatainn, agus tagradh diola air an Riaghaltas na chois.²⁴

A rèir cunntas Inbhir Chadain, thàinig Iain a Lunnainn airson a chùis a chur air adhart ron Phàrlamaid, agus tha iomradh air seo aig Mairearad ann an B2 (rr. 8-9). Ma bha eucoir air choireigin ga chur as a leth mus do rinn e imrich (an 'alleged offence' aig Inbhir Chadain shuas), an ann a' seasamh a chliù a tha a piuthar ann an B1 's i a' cumail a-mach nach e 'masladh no mì-chliù' a thug air Iain Alba fhàgail, ach an tarraing a bha aig New York aig an àm agus cho suarach is a bha a chuid fearainn (rr. 9-10)? A rèir Mairearad agus Inbhir Chadain, bha Iain na chaithean san arm Bhreatannach, ach tha e coltach bho na *Genuine Narratives...* nach do ghabh MacAlpaine riamh dhan arm riaghailteach am feadh a' chogaidh.²⁵ Bha e na fhear-fios is na bheachdair, na chreachadair agus air uairean na chommandair air feachd beag; mar as trice 's ann a' dèiligeadh le solarachadh an airm a bha e, a rèir a chunntais fhèin, seach an sàs ann an sabaid, ged a rinn e euchd iomraiteach aig blàr Freeman's Farm (no ciad bhlàr Sharatoga) san t-Sultain 1777 (Boatner 1973: 970; McAlpine 1780: 31). An robh Mairearad mothachail do seo, 's i a' moladh nach robh a bràthair air eucoir a chleachdadh 'ach mheud 's a b' fheudar a chur smachd air a nàimhdean' (B1, r. 5)?

Co-dhùnadh

Tha e follaiseach bho thùsan neo-iomlan mar an sgrùdadh aig Pòl Camshron gu robh boireannaich, ann am pàirt den Ghàidhealtachd co-dhiù, a' faighinn aithneachadh mar bhàird fada as dèidh Bliadhna Theàrlaich, agus feadhainn aca leithid na Ban-phòsta Chamshroin gu sònraichte ri bàrdachd molaidh (Cham'ron 1775). Gu ruige seo, chan fhaighear cruinneachadh de dh'obair bana-bhàrd cho beairteach làn is na tha againn de bhàrdachd Mairearaid Ghriogaraich. Tha iomradh

air an duanaire ann an eachdraidh paraiste Fhartairchill, ach 's e beachd an ùghdair '[that] its poetic merits are not high. The better pieces are descriptions of hunting scenes by John [sic], who was a fox-hunter' (Stewart 1928: 294). Bheachdaich mar an ceudna am maighstir-sgoile 's sgoilear Gàidhlig Alastair Gobha aig toiseach an fhicheadamh linn, gu robh bàrdachd Mairearad 'very coarse' (Robastan, 83). Tha sgoilearan nas uidheamaichte san latha an-diugh airson measadh cothromach a dhèanamh air bàrdachd an 18mh linn anmoch, agus tha luach ann an duanaire 1831 mar thùs litreachail agus sòisio-eachdraidheil. Dà ghinealach as dèidh Silis na Ceapaich, agus ceud bliadhna ro Mhàiri Mhòr, tha na h-òrain aig Mairearad Ghriogarach a' toirt dhuinn seallaidhean cruinn, brìoghmhor (ged nach ann làn) air sgìre ann an deis meadhan atharrachadh eaconomach, culturail is spioradail, tro shùilean bana-Ghàidheil – piuthar, màthair, bean phòsta, bean chinnidh, Crìostaidh agus bàrd.

EÀRR-RÀDH 1

Clàr nan Òran

(‘4 x10’ = deich rannan de cheithir sreathan; + = agus sèist)

Thugadh le chèile anns na tiotalan shìos am fiosrachadh bho thìotalan a' chlàir-innse agus bho na tiotalan os cionn nan òran.

A. MOLADH CINNIDH

- A1.** 1-3 Song to Colonel Alexander Robertson of Strowan.
Your welcome Strowan, back again, / To hear the tiding I'll raise my song (4 x10)
- A2.** 8-12 Òran do Chorneil Alastair Robastan Tighearna Shruthain is e gu tinn anns an fhiabhras
Och nan och mar a tà mi, / S mi gu bràth aig o mhulad (8 x17)
- A3.** 53-55 Òran do Chornail Alastair Robastan Tighearna Shruthain.
'S e do lath'-sa Chuil-Odair, / Dh'fhàg dochna aig na Gaidheil (8 x10)

- A4.** 86-87 Òran do bhratach Chlann Alpain (nuair chunnaic i pàirtidh do reismaid Chlann Alpain racruitig air fèill ceann Loch Raineach)
*B' e mo rùn-s' bhith 'g èisteachd, / Pioban ùr nam feadan
 gleust* (4 x7 +)

Faic cuideachd: **E3.**

B DO BRÀITHREAN

- B1.** 3-7 Òran do bràithrean Iain is Dòmhnall bha an cogadh America.
Ged tha sinne an seo an-dràst, / Gun trioblaid gun ànra (6-8 x18)
- B2.** 12-15 Òran do bràithrean bha an cogadh America.
*S mi bhi ri smuaintean gòrach, / S mi 'm ònar anns an uair
 so* (8 x10 +)
- B3.** 16-20 Òran don chuideachd cheudna.
Ged 's fhada an tost so, / Cha do shocraich mi m' inntin (8 x15)
- B4.** 27-29 Òran do Dhonnacha Griogarach Bròcair a bràthair is e gu tinn.
Tha mi sgìth baileach sgìth, / 'S e 'n nì tha mi gearain (4 x15 +)
- B5.** 31-33 Òran do bràithrean, Donnacha is Alastair.
*'S mi an coire beag cumhann, / Am bràigh Ach' an Ruidhe/
 Cuid do m' àbhachd bhith cumha nam bràithrean* (3 x16)
- B6.** 34-36 Òran do bràithrean, Iain agus Dòmhnall Griogarach.
*Luchd nan cridheachan fionnar / 'S na h-inntinn neo-
 thairis* (8 x6 +)

C PEARSANTA, A BEATHA AN ATHALL

- C1.** 51-52 Òran le M.Gh. don chat is i aig seirbhis ann am Peart.
*A Ghriogaraich à Strath Spè, / Na bi ort èislein no
 gruaman* (8 x5)

- C2.** 80-82 Òran gaoil do dh'Aonghas Mac Ill Mhaoil [’s i ann am Peart].
Ach Aonghais Òig gu deanainn òran, / Dhut air dhòigh nam faodainn (8 x8)
- C3.** 72-74 Òran do fear nuair a phòs i
On thòisich mi ri ealaidh, / Thug mi riamh an aire (8 x5 +)
- C4.** 25-27 Òran do dh’Anna Ghobha a nighean.
Na horo mo leanaibh, / Dh fhàs gu tomail ceanalt (4 x9 +)
- C5.** 38-40 Òran do leanabh altram a bha aice, Siusai NicCaluim.
Shiusai NicCaluim gur mòr mo spèis dut, / Ged thàinig sgeul oirnn gur fheudar dealacha’ (8 x9)
- C6.** 49-51 Òran do dh’Eòghan Griogarach a h-oide [dara fear-cèile a màthar].
’S iongnadh leamsa am factair th’ aig Sir Raibeart nuaidh, / Nach do ghabh e riut truas dheagh mhic Alastair òig (8 x4 +)
- C7.** 55-59 Òran do dh’fhear a taighe, do mhac ’s do bhràthair nuair chaidh iad Dhùn Eudan dh’ionnsaigh nan caithirichean.
Mo rùin na fir ghramail, / Chaidh thairis a-null (8 x14 +)
- C8.** 60-64 Òran na bò maoil [’s an crodh ga mharbhadh le galar].
Lath’ na Fèill Uilleam, / Chan eil mi ro gheanail (8 x13 +)
- C9.** 64-68 Òran na tulchainn, nuair thuit tulchann an taighe [’s a duine ’s a dalt air falbh].
An tulchann a bha dìreach, / Bu ghrinn agus maiseach i (8 x14 +)
- C10.** 68-70 Òran do dh’fhear a taighe is e am Blàr aig na reisean is i fèin air an àirigh.
Bà bà mo leanaibhsa, / ’S do mhamai gabhail ceòil dut (4 x13 +)
- C11.** 70-72 Òran nuair ghabh na h-eich an galar greigh.
Tha an t-earrach so baileach fuar, / Mo thruaighe ’s bochd an gnothach e (4 x11 +)
- C12.** 74-75 Òran le M. Gh. ’s i cuir a chadal leanabh beag
Bai bai bà mo ghràidh / Meigeag bheag a’ chinnein bhàin (4 x9 +)
- C13.** 76-77 Òran do phiuthar-chèile a bràthar [’s i air bràiste a thoirt don bhàrd].
Tha an dùile gun dèan mi òran, / On a thòisich mi ri smaoineach (8 x7)

- C14.** 78-79 Òran do Ghriogarach an Talmhainn Chruaidh [a thug taic dhi aig àm na buana]
An àm dhuinn teanna ris a' bhuaib / Gun tàinig beagan trioblaid oirnn (8 x5 +)

D RAINEACH

- D1.** 20-24 Òran do thuath an t-Slios Mhìn
Tha m' aire ri Raineach, / 'S mi teanna na chòir (8 x15)
- D2.** 30-31 Òran is i san sgoil am Peart.
'S mi 'm shuidhe an seo fuaghal, / 'N uinneog uasail taigh mhòir (8 x6)
- D3.** 33-34 Òran don àirigh.
Lath' na h-imrich nuair dh'fhalbhainn, / Rachainn timcheall air a' mheanachrodh (4 x4 +)
- D4.** 36-37 Òran air an àirigh
Ged tha mi an geartuair air Sròn nam Faiceachan, / Air Lùb Bad Chearc, anns am pailt a m' eòlas (4 x8 +)

E MOLADH EILE

- E1.** 24-25 Òran do Bhean an Reidich [Rèitich?], [a bha a' falbh a dh'Earra-ghaidheal]
Latha dhòmhs' air sligh shònraichte / 'S mi bhith an dòchas ri dol na bhràigh (4 x7 +)
- E2.** 40-44 Òran do dh'Iain Stiùbhard am Blàr an Athaill.
Slàn iomradh s gach ionad, / Do chinneach Rìgh Seumas (8 x13 +)
- E3.** 44-49 Òran do Mhisreachan MhicGhlaisein na Cluaine Bige, Srath Ghruaidh.
Thèid mi chòir Chloinn 'ic Glaisein, / On as deòin leo m' fhaicinn (8 x17 +)
- E4.** 87-90 Òran do dh'Iain Òg Mac an Eildeir (is do na chnuimh fhiaicail).
Ged tha mi neo-shunndach ridulach an t-seasain, / Cha chòir dhomh bhith diumach mu gach cùis tha cur èis orm (8 x15)

E5. 168-71 Òran do Chalum Stiùbhard am Blàr, dan co-ainm Calum Athallach.

*Ach a Chaluum Òig Stiùbhard, / Tha mi toileach do chliù
chur an cèill* (8 x11)

F LAOIDHEAN

F1. 82-85 Laoidh [nan deich àithntean]

A Dhè nan uile ghràsan, / Seall oirnn a-bhàn le h-iochd
(8 x13)

Faic cuideachd: **B1, B3, E4**

Òrain tha foillsichte an àite eile:

A4: *NC 7/4/1886*, 3 (le taing don Dr Sheila Kidd)

D3 & D2 (bloigh): Sinton 1906, 11-13.

C12: Cameron 1892, 168-70.

Fuinn ainmichte:

A3: Geamhradh Dhughail Buchanain

A4: An damh donn 's na h-eildein

B1: Tha mo chiabhan air glasa, tha iad liath o cheann fhada ('Ruaig Ghlinne Freòin', m.1610?; no 'Marbhrann do Shir Eòghan Loch Iall' 1719?)

D2: Tha Cheapach na fòsach ('Murt na Ceapaich', Iain Lom MacDhòmhnail)

C2: Mo nionghan fìor gheamnail

C6: Iain Caimbeul Bhanc (Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir)

C7: Whistle and I'll come to you my lad

C8: Luinneag Chalum ghlinne

C10: An gille ruadh buachail nan càrn

E5: A rìgh gur mòr mo chùis mhulad

EÀRR-RÀDH 2

Taghadh de dh'òrain

Chaidh cunbhalachd a chur air litreachadh na Gàidhlig san taghadh seo.

B1: Òran [mòr] do bràithrean bha an cogadh America

(Ghriogarach 1831: 3–7)

Ged tha sinne an seo an dràst,
 Gun trioblaid gun ànradh
 Gun aisidh ach sàmhach
 Le pailteas bhith làmh ruinn,
 De gach nì dheanadh stàth dhuinn,
 'S iad mo thruaigh na càirde
 Tha gam bualadh sna blàiribh,
 Gun chaidreamh gun bhàidh o na nàimhde,
 Gun chaidreamh gun bhàidh o na nàimhde.

'S iomadh bean bha glè stàtail,
 Thog a-mach gu h-ùr àlainn,
 Bean na cabhaig ga sàrach,
 An dùil na maireadh e làthair,
 Gum biodh h-aran dheth sàbhailt,
 Tha an-diugh na shìn san àraich,
 Gun anart gun àlach.
 Gun duine san làthair nì anntlachd,
 Gun duine san làthair nì anntlachd.

[? 'annlac']

'S e seo bhrosnaich mo chànail,
 Mheud 's tha 'chuideachd mo ghràidh ann:
 Bràthair m' athar 's mo bhràithrean,
 'S iomadh caraid ro àraid,
 'N ainm chan urra mi àireamh,
 Ach tha mi duilich an càramh –
 Mo chreach-s' nach urra mi stàth dhèana' dhaibhsan,
 Mo chreach-s' nach urra mi stàth dhèana' dhaibhsan.

Donnacha 's Iain 's Dòmhnall,
 Dh' fhàg mo chridhe-sa brònach,
 Cuime am b' iongantach dhòmhsa
 Luchd a sheasamh mo chòir dhomh,
Gum bu dual on ar seòrsa
 Bhith làn misneach is mòrchuis,
 Clanna Griogair nan sròla,
 Ged bha iad briste le fòirneart luchd gamhlas,
 Ged bha iad briste le fòirneart luchd gamhlas.

[‘Ga’]

Chualas sgeul a chionn seachdain,
 Mo bhràthair fèin bhith na chaptain
 Ann an rèismaid rìgh Shasann;
 Chuir siud èibhneas air m' aigne
 Gum bheil do dhèidh air a' cheartas,
 Gun eucoir a chleachd?
 Ach mheud 's a b' fheudar chuir smachd air a nàimhdean,
 Ach mheud 's a b' fheudar chuir smachd air a nàimhdean.

Chan ann gu fàbhar a dhuine
 Chaidh na blàraibh a chumail,
 Ach bhith gu nàmhadaich fuileach
 Chum 's gun cailte na h-urad;
 Mur biodh tu gamhlasach guineach,
 Mheasadh càch thu neo-dhuineil do d' mhaighstir,
 Mheasadh càch thu neo-dhuineil do d' mhaighstir.

Ma fhuair thu inbh' san t-saoghal
 Thu bhith d' cheannard air daoine,
 Na caith foill air a h-aon diubh,
 Lean an fhirinn le saothair,
 Na bi millteach ma dh' fhaodas,
 Chum 's gu sealbhaich thu oighreachd as àird',
 Chum 's gu sealbhaich thu oighreachd as àird'.

Ged 's fhad thu o d' dhùthaich,
 Gun luchd do chomhairle dlùth ort,
 Chaoidh nar fhaic thu le d' shùilean
 Nì don dodh tu lùb

Airson beartas no cùinneadh,
 Do thoirt leth taoth gu d' dhiùbhail –
 Na leig le d' aigne chaoidh tionndadh gu aing'eachd,
 Na leig le d' aigne chaoidh tionndadh gu aing'eachd.

'S mi do phiuthar ro dhileas,
 Cha tèid mi ràdh ach an fhirinn,
 Chan e do mholadh a nì mi,
 Ach dh' fhàg e toilichte m' inntinn
 O nach masladh no mì-chliù,
 Thug a-mach thu à d' rìoghachd,
 Ach meud do mhisneach is d' inntinn neo-leanbaidh,
 Ach meud do mhisneach is d' inntinn neo-leanbaidh.

'S e thug a d' dhùthaich thu an-toiseach,
 Mheud 's bha chliù air a' phort ud,
 Chum s gun dùblaig a stoc leat
 O nach b' fhiù leat do phorsan,
 Thoirt do theaghlach gu socair
 Gu meas 's gu inbh' 's gu coslach mar b' àill leat,
 Gu meas 's gu inbh' 's gu coslach mar b' àill leat.

Dèidh dhut gabhail gu socair,
 Ann am probhans Niu York
 An taobh òrdugh is fortain,
 Nì 's daoine mu d' dhorsan,
 Fearann saor air a chosnadh,
 B' fheudar èirigh am brosnach rìgh Alba,
 B' fheudar èirigh am brosnach rìgh Alba.

[? 'taogh']

'S fhad an ùine còig bliadhna,
 'S tha e nis le riadh ann,
 On a thòisich [am] miotlachd,
 Bha Rìgh Deòrsa cho dioghaltach
 'Tagradh còir air na crìochan
 Mar chaidh òrdach a-riamh dha –
 'S fhada beò e mas diolair dha an t-ainbheach,
 'S fhada beò e mas diolair dha an t-ainbheach.

[cf. ainfhiach]

Ach a Rìgh th' anns na flaitheas,
 Dh' òrdaich plàigh leis a' chlaidheamh
 Chum an t-àlach a sgathadh
 Bha brais, dàn, air dhroch labhairt,
 'S nach do chuimhnich a mhaitheas,
 'S mheud 's a rinn thu dhuinne roimh gar teàrnadh,
 'S mheud 's a rinn thu dhuinne roimh gar teàrnadh.

[‘scadh’]

Ma chuir thu mach do shlat sgiùrsaidh
 Chum an t-aiteam a chiùrradh
 Ga robh na cridheachan dùbailt
 'S nach deanadh dhut ùmhlachd,
 Na lean do dhioghaltas gu chùlthaobh –
 Mun tig am bàs, thoir dhaibh ùine gu tionndadh,
 Mun tig am bàs, thoir dhaibh ùine gu tionndadh.

Aisig sìocha an aithghearr,
 On 's tu tha rioghal air thalamh,
 Cuir casg air dioltas na fala,
 Caisg air d' iarrtas na lannaibh
 Tha le dìorras gan tarraing,
 Nì th' ann ma shiorraidheachd a mhaireas,
 Ach ma nì a thriallas ri tamall beag aimsir,
 Ach ma nì a thriallas ri tamall beag aimsir.

Chan eil san t-saoghal seo ach faileas,
 Mar chì sibh braon chlachan meallain
 Thig nan taom air an talamh,
 Nach maire aonta ro aithghearr;
 Air meud an saibhreas 's an earras,
 Nuair a thig an t-aog chan eil mionaid gu dàil ann,
 Nuair a thig an t-aog chan eil mionaid gu dàil ann.

Ach seo dh' iarrainnsa fhàbhar
 Mar ri sìocha on Àrdrìgh,
 Beagan ùine mus bàs domh,
 'S gum faicinn mo bhràthair,
 Thusa Iain mhic Phàdraig,
 Am Bràigh Ranach a thàmh,

Mar an t-aiteam on d' fhàs thu,
 Meas san onair 's an slàint neo-chearbach,
 Meas san onair 's an slàint neo-chearbach.

Mur eil an gnothach seo an dàn domh,
 'S fheudar dhomh bhith taingeil
 'S a bhith smuaineach thaobh nàdair –
 Gun lionar trioblaid Shìol Adhaimh
 O linn a' mheas bha sa ghàrraidh,
 Thug am brise ud fearneart nach gann orr',
 Thug am brise ud fearneart nach gann orr'.

B2: Òran [eile] do bràithrean bha an cogadh America

(Ghriogarach 1831: 12–15)

Luinneag:

'S mi bhith ri smuaintean gòrach, 's mi m' ònair anns an uair so,
 A' cuimhneach nam fear òg' chaidh air bòrd a-muigh air chuaintean,
 Tha thàmh [an] Nova Scotia, 's e fàth mo bhròin ri luaidh e,
 'S e chaochail snuadh na h-òige dhiom na seòid dhol air chuan uainn.

A chuideachda mo chridhe, ge ba dligheach 's tha làn cruadail,
 'S e fàth mo bhròin cha b' iongantach an dithist dhol air chuain uainn;
 An tùs nar dhealaich Iain rium, bha snigh a' ruith le m' ghruaidhean,
 'S e Dòmhnall dh' fhalbh a-rithist chuir mo chridhealas gu smuairean.
 'S mi bhith ri smuaintean, &c.

Faodaidh càch bhith am barail sin gum bheil mo ghearain uaibhreach,
 Is Donnacha agus Alastair bhith fanachd anns an dualchas,
 Fear mo thaigh [an] làthair gu fàrdach chumail suas domh,
 Ach dh'fhairtlich orm bhith toilichte nuair theannas mi ri smuaineach.
 'S mi bhith ri smuaintean, &c.

Chan iongnadh sin thachairt domh 's an taic chaidh o m' ghualain:
 An t-sùil a bhios gun rasg oirre, gun drùigh teas is fuachd oirr',
 An loinn bhios air dhroch garaidh uimp', cha dachaigh i bhith buan deth –
 'S ionnan sin mar tharla dhomh 's na bràithrean dhol air chuan uainn.

Nan tàrladh duibh gum pilleadh sibh don ionad às na ghluais sibh,
 Gum b' èibhneas do ar cinneach e, gach iomairt ghoirt a fhuair sibh,
 Gun ùraicheadh mo spiorad-sa, ge fad tha e fo smuairnean,
 S gun deanainn cleas na h-iolair, gun teannainn ri ath nuadhacha'.

'S truagh nach mise thachair bhith 'm dhuine tapaidh treubhach,
 S gum feuchainn pàirt na carachd tha 'm falach ann am chreubhaig.
['chaireachd']
 Bu choingis muir no talamh dhomh ach loingear a bhith rèidh dhomh,
['choi isa']
 S mur tiga bàs no gradachd orm gum faicinn sibh le chèile.

On thachair dhomh bhith 'm bhoireannach, nach urra mi seo dhianamh,
 S fheadar dhomh tro bhanalas bhith fanachd ann am rioghachd.
 Mo theaghlach bhith toirt aire orra mar bhuine dhomh a dhèanamh,
 'S an ni sin leigeadh tharam o nach gabh e cur an gnìomh dhomh.

A chaptain bharr Sìol Ailpin, is truagh nach fhaicinnse aon uair thu,
 San inbh' anns na chleachd thu mar bha an t-aiteam as do bhuinte thu,
 Gu ciallach cliùiteach measail, mar a chleachd a bhith ad ghluasad,
 Gun tràiginn pàirt don airsneal seo ge fad tha mi ga **bhuachaileachd**.

'S tusa dhearbh do dhuinealas an Lunnain measg nan uaislean,
 Cha do chuir e sgàth no cunnart ort am muir chrosg seachd uairean,
 Air bheulaibh rìgh is Pàrlamaid gu dàn a rinn thu ghluasad,
 On 's iad a chuir an call thu, cuime nach fàgadh iad thu am buannachd?

Bha morairean is iarlan glè lionar anns an uair leat,
 Cornailean cha diobradh tu, bu dileas iad ri d' ghualainn,
 Le òrdugh teann on t-seanlair chuireadh earal air na h-uaislean,
 On dh'èirich leat beart ghramail anns a' charraid nuair bu chruaidh i.

Tha nis nar aran sàbhailt, rè fad nan làithean 's buan duibh,
 Mo ghuidhe-s' air an Àrdrìgh gum bi ghràsan-sa ma cuairt duibh,
 Gar teàrnadh anns gach gàbhadh 's chan fhaigh ar nàmhaid buaidh oirbh,
 S ar n-anam buan neo-bhàsmhor thoirt gu Phàras dh' ionnsaidh suaimhneis.

B3: Òran don a' chuideachd cheudna [a bràithrean, Iain is Dòmhnall]
(Ghriogarach 1831: 16–20)

Ged 's fhada an tost seo, cha do shocraich mi m' inntinn,
Tha mo smuaintean gam bhrosnach chum nam focal seo innseadh
Ma dheidhinn nam bràithrean tha fada thall anns na h-Innsean –
Gar am faic mi gu bràth sibh bithidh mo ghràdh-sa dhuibh dileas.

Bithidh mo ghràdh-sa dhuibh dileas, trì-fillte mo spèis duibh –
Ciod e stàth dhomh bhith 'g innse liuthad nì tha cur èis orm:
Gum bheil Iain is Dòmhnall [an] Nova Scotia ag èirigh,
Agus Seònaid an Glaschu, 's e dh'fhàg mo chadal cho eutrom.

'S e dh'fhàg mo chadal cho eutrom 's mo smaointean ro latha
Sibh bhith fada om chòmhradh 's mis' am ònar an Athall;
Am Braigh Raineach nam bò fhuair sinn as ar n-òig nar beatha
Gu misneachail greadhnach ann an teaghlach ar n-athar.

Ann an teaghlach ar n-athar bu mhòr ar n-aighear 's ar n-àileas,
Leis gach nì dhèanadh math dhuinn am fad 's bu mhaireann thu Phàdraig;
Ach rinn an t-eug an trom chreachadh ann an toiseach ar làithean –
Ciod an stàth dhomh bhith 'g acain on as beart bha an dàn e.

Na chaidh thairis don ar n-ùine, b' e mo dhùrachd a bhith mar ribh,
Ach tha mo shac duilich giùlan: orm tha cùram na mara,
Pàirt do m' chloinn ann an Sruain, an cist' dhùinte nan tarraing,
'S thug mi spèis do mo dhùthaich an àm dhomh dlùth ris an talamh.

An àm dhomh dlùth ris an talamh bu ro mhath leam mar chaidh òrdugh,
'N àm bhith dùnadh orm anart, mo chur anns an ionad bu chòir dhomh;
Tha e an eachdraidh a' Bhiobaill air a sgrìobhadh gu sònraichte
Meud an tlachd bh' aig na rìghrean an cur sa chill anns am bu chòir dhaibh.

(agus naoi rannan spioradail)

D2: Òran is i san sgoil am Peart. (Ghriogarach 1831: 30–31)

Air fonn ‘Tha Cheapach na fòsach’ [‘Murt na Ceapaich’ le Iain Lom]

(Tha iomradh air ss.7-8 (r.3) ann an Sinton 1906.)

’S mi ’m shuidhe an seo fuaghal, ’n uinneag uasal taigh mhòir,
 ’S mòr gum b’ annsa bhith sa bhuail’ ’g èisteachd nualaich nam bò,
 Leaga ghabhar is chaorach, ’s crodh laoidh tighinn mun chrò,
 Na bhith an seo air mo dhaidheid (?) ’s an shnàthad chaol ann am dhòrn.

Thug mi tamall an toiseach, gun sprochd orm no sgios,
 Rè an latha ri fuaghal, gun smuaineach air nì,
 Gus an cual mi na dearcan bhith gan reic airson fiach,
 Ghrad bhuail e am bheachd-sa Coir’ a’ Bhacaidh nam fiadh.

’S truagh gun bhith an Leitir Dhubh Lachlainn, ’s ann a chaisginn mo mhiann,
 Gheibhte iomadach meas ann, gun neach a’ farraid am prìs;
 Còir gaolach mo chridhe am biodh iasg is sitheann gun dìth,
 Meag is bainne gun airceas, ’s cha b’ iad na drapagan tì.

Nuair dh’èigheas iad am bainne, bheir mi sealladh a-mach,
 ’S ann chì mi a’ bhairle air a ceangal an cairt;
 Ged a thèid mi ga cheannach, Rìgh cha mhilis a bhlas!
 ’S fheàrr am meag bhios sa Ghaidhealtachd na bainne blàth bhios am Peart.

Cha robh neach air bhith ’g iarraidh orm triall gu machair nan Gall,
 Ach thuig mi gum b’ fheàrrd mi ràidh an t-samhraidh thoirt ann;
 ’S mòr an stàth tha san ionnsach, bheir e tionnsgal don tràic,
 ’S neach sam bith ga bheil tùr cha leig à chuimhne e gu bràth.

Ged bu leamsa Siorrachd Pheart, na bheil mi faicinn ma cuairt,
 No h-uile mìr dhen a’ mhachair th’ eadar Glaschu is Cluaidh,
 Bheirinn trian deth Shir Raibeart nan gabhte e uam,
 Chan ann am malairt na h-Apann, ach na th’ aige mu thuath.

C2: Òran gaoil do dh'Aonghas MacIll Mhaoil

(Ghriogarach 1831: 80–81)

Ach Aonghais òig gun dèanainn òran dhut air dhòigh nam faodainn,
 On thàinig sòradh an cainnt mo bheòil gun toir mi òrdugh saor dha;
 Chan ann 'm chinneach thu no 'm chàirdean ged a tha mi an gaol ort,
 Ach fleasgach ailt thàin às a' Bhràigh, Chlann 'ic Ill Mhaoil thu.

'S ann an Loch Abar tha do dhachaigh ged tha thu am Peart gad fhoghlam;
 'S fhearrd thu agad pàirt an fhasain tha iad a' cleachd' san taobh seo,
 Mar tha cunntas agus sgrìobh on 's i a nì dhiubh daoine,
 'S nuair thèid thu air cheann do nì, cò e bheir cìs am foill dhìot?

Nam bu fhleasgach suarach bhiodh luaidh rium, b' adhbhar gruaim am dhaoine e,
 Ach drobhair tuathach rinn mo bhuair' le inntinn luaineach aotram,
 Gar am bheil [mi ?] uasal na cuir mi suarach, chan ann à sluagh gun sgoinn mi,
 Tha mi shìol tuath b' fhiach an luaidh gar am bheil iad fuaighte ri oighreachd.

Na gabh rium meas a rèir mo dhreas, chan eil mi ceart an òrdugh,
 Chan e chleachd bhith an cabhsair chlach ach bhith feadh ghlac is mòintich;
 Leiginn nì dhut anns a' mhadainn, ged bhiodh bròg mun chrò dhiubh,
 Cha mhi bu mheasa dhut nam measg na luchd nan ceap 's nan cleochdan.

Ged tha mi am Peairt gur beag mo thlachd do luchd nan casag aotrom,
 B' anns thu agam na fear aide ged bhiodh bailtean saor aig';
 D' fhaotainn pòst rium on t-sagart 's cead air leabaidh fhraoich leat,
 'S gar am biodh againn ach am breacan chuirte seachad oidhch' ann.

O shiùbhlainn leat o thuath gu deas a ghaoil air bheagan aodaich,
 Ged bhithinn casrùisgt' air an shneachd dh'fhalbhainn leat gu h-aotrom
 Chionn thu bhith agam ann am ghlac-sa ann am plaide chaoil ghil,
 'S cha chluinnt' ar n-acainn anns a' mhadainn an dèidh ar cadal oidhche.

Tha m' inntinn lag air leabaidh leat a ghaoil led phearsa bhòidhich;[? 'lab']
 Ged bu leamsa beartas banrighinn Shasann 's tu bhiodh agam pòsta;
 Nam biodh ort spròc 's tu am feum air deoch ged bhiodh siud costail dhòmhsa,
 Mun leiginn dochann air a' chorp gun tugainn not ri òl dhut.

C3: Òran a rinn i nuair a phòs i (Ghriogarach 1831: 72–74)

On thòisich mi ri ealaidh
 Thug mi riamh an aire
 Nach dèanainn lem theanga

Farran chur air càch;
 Thug mi an dùthchas ud om sheanair
 On 's ann rium a lean e,
 Am fad a bhios mi maireann

Cha mhath leam leag' mo làn. [? 'leag ma làn']

On 's e an gill' ruadh
 Don tug mi an gaol buan,
 Gràdh an gill' ruadh,
 'S e mo luaidh thar chàch.

Ged a dh'fhàg[adh] glè òg leam / An tìr an robh mi eòlach, / Chan eil
 aon bhonn bròin orm / Còmhnach anns an àit;
 Ged a dh'fhalbh mi phòs' leat / Dh'aindeoin mo luchd eòlais, / Chaoidh
 cha chùram stòr dhomh, / 'S Dòmhnall a bhith làthair.

Nam b' e balach diolain / Leis an dèanainn strìochd, / Bhithinn air mo
 chiosnach / Le dìorras gun taing;
 Bhithinn cho làn mìthlachd / 'S gann 's gun leanadh ciall rium, / B'
 annsa bhith gam thiodhlaig / Sìos an anart bàn.

Dhèanamaid beadradh / Sa mhadainn is mu fheasgar, / Mun do sguir a
 chleasachd / Gun robh an leatrom ann;
 Ach nach eil seisean / Air a shon ri sheasamh, / Ged dh'fhuilig sinn
 beagan / Leasaichidh e an call.

Gur mis' th' air mo shàrach / Leis an losga-bhràghad, / Nach fhuirich i
 aon tràth dhìom / Fad ràidh geamhraidh;
 'S ged thàin an t-earrach / Cha d' fhalbh e dhìom baileach, / Ach 's
 barail leam nach fhan e / Ach tamall beag dhen t-samhradh.

A3: Òran do Chòrnail Alastair Robastan Tighearna Shruthain.

(Ghriogarach 1831: 53–55)

Air fonn: ‘Geamhradh’ Dhùghaill Bhochanain

’S e do là-sa Chuil-odair dh’fhàg dochann aig na Gàidheil,
 ’S liuthad Fhear ann [/ fear fearainn?] chaill an earras san àiteach;
[‘fearainn’]

B’ èiginn teicheadh air astar cian fada on càirdean,
 ’S iad gun mhanas gun aitridh, mur deanta taic anns an Fhraing dhaibh.

Ma bha foill à Morfhear Deòrsa ’s gu bu deòin leis e ’thachairt,
 ’S cùis eagail ro mhòr dha, mar robh e an tòir air a’ cheartas,
 Bha còig cùlaran siol ann chaidh an òrdugh fom brataich,
 ’S gun aon duine na chòir dhiubh nuair a thòisich am batail.²⁶

’S ann an sin a bha an deuchainn, air an t-sliabh aig na Gàidheil,
 Cha robh leithid sna crìochan ri linn duine ’n àl seo,
 Uisg’ is gaoth tighinn nan aodainn rinn an claidh ’s cha bu nàir dhaibh:
 Chan fhaiceadh duine dhiubh a chèil’, cha mhò bu lèir leò ’n nàimhdean.

’S iomadh bean bha na bantrach agus clann bha gun athair,
 Agus fear bha gun bhràthair, bha san àraich na laighe;
 Ceann nam fìneachan Gaidhealach, bu mhòr an call ris an lath’ ud,
 Ga robh còir air is doighneach nach d’ fhaod tionndadh ris fhathast.

’S èibhinn naidheachd ri chluinntinn, gun d’fhuair gach oighre am fearann,
 Nis on thionndaidh a’ chuibhle ’s gun deach an aonta ud thairis;
 Sàr cheann fine bha cliùiteach, as fhiach a’ chùis ud a h-aithris,
 Tighearna Shruthain on ghùisich [?] thìghinn gu dùthchas a sheanar.

Mar dha seo is Bràigh Raineach, ’s iomadh fear bha cruinn ann,
 ’S ann mu thoiseach na dùbhlachd thàin’ an dùsg anns a’ ghleann seo:
 Òl is ceòl ’s teine èibhnis, aig an spèis th’ aig luchd dàimh dhut,
 Chunnaic mis’ e le m’ shùilean, ’s e na smùid air Sliabh Anndra. [aindra]

’S math mo bharail gur feàrrd sinn gun tàinig ceannard an àigh oirnn –
 Ann an iomairt a’ Chrùin fhuair thu cliù measg nan Gàidheal,

Dol air d' adhart le d' dhaoine, 's tu nach aomadh le pàirt dhiubh,
Bha thu uile dhaibh dileas, b' fheàrrd an rìgh thu bhith làthair.

Ann an loingean nan coit 'n àm bhith crosg na fairge,
B' fheàrrd càch air an cùl thu nuair a dhùisgeadh trom ànradh,
Bhiodh an captain gun chùram 's Tighearna Shruthain bhith làmh ris –
Làmh dh'iomairt nan crùintean, 's ann dhut bu dùthchas bhith sionnsail.

Lean siud riut thaobh dualchas, 's leat Clach bhuadh na Bratach,²⁷
Aig a meud 's tha do bhuaidh oirre tha do-luaite 'n aithris;
Cha drùidh claidheamh no luaidh ort 's i buan [/ bhuainn] air thasgaidh,
[‘bhuan’]
'S mòr an sonas a fhuair thu nar thàin i an uachdar an-toiseach.

'S lionor bantighearn rìomhach ga bheil mìltean air bhanna,
A b' ait bhith riut pòst an còirichean daingean, [‘corchan deangan’]
Cheannaicheadh le òr thu nam biodh seòl air ghabhail –
Ach ma nithear leat còrdadh dhaibh 's brònach an dealach.

NOTAICHEAN

- ¹ 'S ann taing don Oll. Thomas O. Clancy a thàinig an duanaire seo gu bàrr ann an Roinn na Ceiltis. 'S e a mhothaich gu robh obair bana-bhàird neo-aithnichte ri lorg na dhuilleagan, agus tha mi fada na chomain airson na thug e dhomh de bhrosnachadh 's de chuideachadh.
- ² Gheibhear innse eile air aon de na h-òrain seo ann an co-chruinneachadh Ghilleasbaig Mhèinne, leabhar a tha coisrigte do Dhiùc Athaill (Mèinne 1870: 309–12; iomradh: Wallace [m.1990]: 76).
- ³ Faic an liosta-òrain ann an Èarr-ràdh 1.
- ⁴ 'S ann à Àrd Làraich fhèin a bha Alastair Griogarach 'Inbhir Chadain' (1786–1854). Dh'fhàg e an t-arm as dèidh a' Chogaidh Ibèireanaich (1809–1814), thill e a Raineach, agus thòisich e a' sgrìobhadh eachdraidh na sgìre agus ag eadar-theangachadh bàrdachd Dhùghaill Bhochanain (Stewart 1928: 281; McGregor 1849). Cha b' ann gu 1820 a fhuair e fearann Inbhir Chadain (aig Ceann Loch Raineach) air mhàl (*ibid.*, 353). Sgrìobh e a-mach eachdraidhean teaghlaich Ràinich bho chunntas 'an interested personage' anns an robh e 'made to appear that the chieftainship of the Clan is inheritably rested in Sir Evan [Murray MacGregor]'s family' (McGregor 1831?: 276–7). 'S ann ann an 1812 a thòisich e air an 'Journal', tha na

h-eachdraidhean bho mu 1831, agus tha sgrìobhaidhean eile anns an làmh-sgrìobhainn (cuid ann an làmh a mhic) bho na 1850an.

- ⁵ Mo thaing don Dr Sheila Kidd a lorg an tùs seo.
- ⁶ ‘Strowan, Dec. 6 [1772] ... Margaret Macfarlane in Kindrochit owned guilt & pregnancy and gave up Donald Gow in Auchinrie as father to it. Compared also Donald Gow foresaid, acknowledged the accusation & each of them agreed to the time the said guilt was committed namely a month before Lamass last coming from the shiels.’ Agus: ‘Blair, Jan. 24th [1773] ... Donald Gow in Auchinrie appeared ... for his fornication with Margaret MacFarlane in Easter Kindrochit, was rebuked and having given his bill of 12 pounds scots payable at Candlemas next for both their fines was dismissed.’ (Seiseanan 216, 218-19). Tha clàraidhean paraiste a’ comharrachadh breith is baisteadh ‘their son begot in fornication ... named Patrick’ anns a’ Ghiblean 1773 (OPR Births 334/0010 0296).
- ⁷ Tha ‘Eachdraidh na Beinne Meanabh’ a’ toiseachadh: ‘Aithris dhuinne Mhic Intoisich, / On is fear sgeoil thu tha gabhail seachad./ Eachdraidh na Beinne mòire / Tha chòmhnaidh aig ceann Loch Caitair’ (Mac An Tòisich 1832– : 20–21). Chan eil bliadhna foillseachaidh air ainmeachadh anns an leabhran, ach tha ‘Òran air lath a’ cho-chruinneach bha ’n Dùn Èideann nuair bha builleadh an Reform air a sheulach leis ’n rìgh’ a’ buntainn ri 1832, mar a tha ’s dòcha ‘Òran do dh’Iarla Ormelie am Braid-Alban, leis an ughdar’ (mun taghadh san Lùnastal 1832?).
- ⁸ Mu aon chilemeatar siar air Àrd Làraich, far a bheil Camuserocht Lodge a-nise, aig Drochaid Earrachd (Stobie 1783).
- ⁹ Gheibhear craobh sloinntearachd air td. 5. Mo thaing don Dr Aonghas MacCoinnich airson a chuideachaidh.
- ¹⁰ = ged nach eil
- ¹¹ Anns an alt seo, tha cùplaidean goirid le aicill air an cur sìos mar aon sreath fada.
- ¹² Bha an SSPCK air a bhith a’ stèidheachadh sgoiltean snìomha air Ghaidhealtachd bho 1738 (Dean 1930: 115). Ann an 1774, bha dusan sgoil aca, is a dhà dhiubh sin ann an Siorrachd Pheairt, air an dùthaich seach anns a’ bhaile (SSPCK 1774: 41). Tha clàraidhean a’ bhaile fhèin, ge-tà, a’ sealltainn gu robhar a’ bruidhinn air sgoil-shnìomha a bhonntachadh ann am Peairt cho tràth ri 1728, gu robh sgoil aig tè Hannah Robertson ann an 1765 agus aig Janet Austin ’s a nighean mu 1770, agus gu robh Jean Robertson na ban-mhaighstir-sgoile ann an 1773 (PBR /13, /20, /21, agus /28). Tha mi an comain luchd-obrach an leabharlainn A. K. Bell airson a cuideachadh le bhith a’ lorg nan clàraidhean seo.
- ¹³ Anns an òran da h-oidhe tha i ‘na [s]uidh san t-Sleathaich’, ach shaoilte bhon iomradh air ‘Sir Roibeart nuadh’ gur ann do thoiseach an 19mh linn a bhùineas an t-òran sin – an do thill i dhan t-Sleathaich as dèidh bàs Dhòmhnail Ruaidh?

- ¹⁴ 'S ann air oighreachd Chlann Donnchaidh a bha Gleann Earrachdaidh (Robertson 1860), oighreachd a chaidh a ghabhail os làimh leis an Riaghaltas as dèidh Bliadhna Theàrlaich. Tha tuathanas Ach' an Ruidhe fhathast a' seasamh, aig ceann sear a' ghlinne, mu dhà chilemeatair siar air Sruthan, no deich cilemeatair siar air Blàr Athaill, pios beag gu deas far an rathaid B847; tha làrach Chùiltelosgainn eadar an rathad 's an tuathanas.
- ¹⁵ Tuigear bho Òran C7 gu robh bràthair aig Dòmhnall Ruadh.
- ¹⁶ Is iongantach mura deach na gillean as sine ainmeachadh as dèidh an dithis bhràithrean aig Mairearad a dh'imrich a dh'Aimearaga (faic òrain B1-B3 ann an Èarr-ràdh 2).
- ¹⁷ Tha Donnchadh Caimbeul ('Alltmhada') anns an *Northern Chronicle* a' toirt seachad aoir le 'Searlaid, nighean do Mhairearad Ghriogarach ris an abradh 'Marairead nan Òran', air do h-athair bhith air tilgeadh mach o chiobaireachd an Trinafour agus fear eile chur na àite' (Caimbeul 1885; Wallace, 72). Anns an òran fhèin 's e Calum as ainm do athair Searlaid. Tha e doirbh an t-Searlaid seo fhighe a-steach gu rèidh do bheatha Mairearad Phara Mhòir mar a ghabhas h-ath-chruthachadh bho na tùsan eile, ach mothaichear gu bheil òran gaoil ann 'le Calum MacGriogair an Cille Chonain an Raineach, do Mhairearad NicGriogair, a rinn a phòsadh' (Robastan, 105). Feumar barrachd rannsachaidh airson fuasgladh fhaighinn air a' cheist.
- ¹⁸ Thog Diùc Athaill rèiseamaid ann an 1778 airson cogadh Aimearagaidh a dh'fhuirich trì bliadhna ann an Èirinn mus deach a sgapadh (Stewart 1977: 124–5), ach tha e follaiseach nach robh Dòmhnall Ruadh còmhla riutha, 's e fhèin is Mairearad a' dèanamh clann rè nam bliadhnachan sin.
- ¹⁹ 'Donald [III Àrd Làraich] who married first a daughter of Donal [], of the Stewarts of Bohespic. ... By her he had two sons, 1st Para-mor, 2^d Donnchaban' (McGregor 1831?: 290).
- ²⁰ 'Duncan [an 14mh Ceannard, a bha san Fhraing bho 1753 gu bhàs an 1782] was an accomplished fiddler, as was his son Alexander. The musical evenings at Givet [san Fhraing] seemed to help the family enormously in coping with their exile' (Oliphant 2005: 11).
- ²¹ Bhàsaich an t-seann cheann-cinnidh Raibeart Spàgach ann an 1786; thàinig Sir John an 4mh Bharonan san oighreachd as a dhèidh, agus Sir Roibeart an 5mh bharonan ann an 1800 (Menzies 1894: 408, 413).
- ²² Tha Inbhir Chadain ag innse gu robh bràthair aig Para Mòr dam b' ainm 'Duncan Ban' a thuinich mu dheireadh 'in the south' le a dhara bhean (McGregor 1831?: 291).
- ²³ Cluinnear an aon seòrsa beum air onorachd ann an òran B5, 's i a' moladh nàdar a bràthar Alastair 's chan e a choltas: 'Ged tha bricead ad aodann / 'S mòr an gliocas tha 'd aoraibh'.
- ²⁴ Tha clàr chosgaisean an cois a' chunntais: 'Abstract accmpt of the charge made by John McAlpine against the British Government for pay, disbursements, and losses in America. ... – five thousand and nine pounds

two shillings ands fourpence’ (McAlpine 1780: 67). Chan ann à cunntas Iain fhèin a fhuair Inbhir Chadain an sgeul mu ghlacadh a’ bhàta.

- ²⁵ [Generals Phillips of the artillery] seriously asked me if I would accompany them, or wanted and would accept some military employment. ... I was averse to drop my present business in favour of any moderate appointment in the military line, much less would I engage in fixed military, or other subservient life, upon an uncertain footing or in too inferior a rank – my inclination running chiefly upon a retired country life as soon as I could attain it ...’. ‘My having so judiciously conducted and executed this hazardous expedition with these horses, induced Generals Phillips and Burgoyne soon to send for me, and ... they again earnestly requested that I should then take a special connection with the army, so far as to subject me to military orders, [&] entitle me to certain regular handsome pay... I answered them with all diffidence, that I did not wish to enter into any military duty, preferring rather that I should continue in my present independence, and have perfect disposal of my time for purposes of bringing up my family from Canada or my settling there, as I chose: so as I might enjoy a quiet life in peace, and be my own master.’ (McAlpine 1780: 21–22)
- ²⁶ Cf. ‘Feachd chòig brataichean sròil ... bhith gar dith anns a’ chòmhdhail’ aig Iain Ruadh Stiùbhart (Campbell 1984: 178, agus nota 2, 179).
- ²⁷ Bhiodh do-leòntachd air a bhuileachadh do dhuine a fhuirsteadh le uisge san deach a’ chlach a chur na laighe (Stewart 1928: 41–2). Tha a’ chlach air a taisbeanadh, mas fìor i, ann an Taigh-tasgaidh Chlann Donnchaidh, Bruar.

CLÀR LEUGHADH

- BOATNER, M. M. (1973). *Cassell’s Biographical Dictionary of the American War of Independence 1763–1783*. London.
- BYRNE, M. (2007). “‘Chan e chleachd bhith an cabhsair chlach’”: am bàrd Gàidhlig ’s am baile mòr bhon 17mh linn deug chun an 20mh’, ann an S. M. Kidd (ed.) *GLASGOW Baile Mòr nan Gàidheal / City of the Gaels* (Glasgow), pp. 55–88.
- CAIMBEUL, D. (1885). ‘A Trinafour satire’, *Northern Chronicle* (21 Faoilleach), 3
- CAIMBEUL, D. (1886). ‘Oidhche eile air cheilidh ann an tigh Sheumais Uistean’, *Northern Chronicle* (7 Giblean), 3
- CAMPBELL, J. L. (1984). *Highland Songs of the Forty-Five / Òrain Ghàidhealach mu Bhliadhna Theàrlaich*. Edinburgh; 2nd edn.
- CAMSHRON, P. (1892). ‘Perthshire Gaelic Songs’, *TGSI* XVII: 126–70
- CHAM’RON, M. (1785). *Orain nuadh Ghaidhealach*. Dùn Èidinn; 1805 Inbhirnis.
- DEAN, I. F. M. (1930). *Scottish Spinning Schools*. London.

- GHRIOGARACH, M. *et al.* (1831). *Co-chruinneach dh'Orain Thaghte Ghaealach, nach robh riamh ann an clo-buala. Les an ughdar Donncha Mac Intoisich.* Edinburgh.
- HAY (1960): aithisg ghoirid gun urra an lùib NLS Blair.502 (leth-bhreas easbhaidheach de Ghriogarach 1831), air a sgrìobhadh mu 1960.
- HMSO 1973. *Statistics of the Annexed Estates, 1755–1756.* London.
- KERR: MS 249/29 (4), Leabharlann A. K. Bell, Peairt. Clàraidhean eachdraidh Athaill air an tional 's air an eagrachadh le John Kerr.
- KERR, J. (1992). 'The Robertsons of Glen Errochty', *TGSI* LVI: 382–427
- LENEMAN, L. (1986). *Living in Atholl: A Social History of the Estates 1685–1785.* Edinburgh.
- MCALPINE, J. (1780). *Genuine Narratives and Concise Memoirs of some of the most interesting exploits and singular adventures of J. M'Alpine, a native Highlander, from the time of his emigration from Scotland to America, 1773.* Greenock.
- MAC AN TÒISICH, D. (1832–). *Orain Ghaelach.* Lawnmarket [Dùn Èideann]
- MACLEAN, D. (1915). *Typographia Scoto-Gadelica.* Edinburgh.
- MCGREGOR, A. (1831?). Eachdraidhean teaghlaich Rainich ann an SRO GD50/184/78/1/31, 'Journal of Lieutenant Alexander McGregor of Innerhadden, Royal East Middlesex Regiment of Militia, 1812'. Photo-lethbhreas: NLS Acc. 12335/173. Eachdraidh Taigh Àrd Làraich ff. 278–96, cuideachd foillsichte ann am Murray MacGregor 1901, 216–224
- MCGREGOR, A. (1849). *Spiritual Hymns by Dougal Buchanan.* Glasgow.
- MCGREGOR, M. (2002). 'The genealogical histories of Gaelic Scotland', *The Spoken Word: oral culture in Britain, 1500–1850*, deas. A. Fox & D. Woolf (Manchester & New York), pp. 196–239.
- MEINNE, G. (1870). *Comhchruinneacha do dh'Orain Thaghta Ghaidhealach.* Glascho.
- MENZIES, D. P. (1894). *The 'Red & White' Book of Menzies – Leabhar Dearg is Geal na Meinerich – the history of Clan Menzies and its chiefs.* Glasgow.
- MILLAR, A. H. (1909). *A Selection of Scottish Forfeited Estate Papers 1715; 1745.* Edinburgh: Scottish History Society Vol. LVII
- MURRAY MACGREGOR, A. G. (1901). History of the Clan Gregor, from public records and private collections
- NEWTON, M. (2003). 'Jacobite Past, Loyalist Present', *e-Keltoi* 5: 31–62 (Center for Celtic Studies, University of Wisconsin-Milwaukee); www.uwm.edu/Dept/celtic/ekeltoi/volumes/vol5/5_2/newton_5_2.pdf (7/8/07)
- NC: *The Northern Chronicle.* Inverness, 1881–1964
- OLIPHANT, A. B. (2005). 'Duncan Robertson of Strowan – a chief in exile', *Clan Donnachaidh Annual* (Edinburgh), pp. 10–12
- OPR: Old Parish Records, National Archives of Scotland
- PBR: Perth Burgh Records B59/24/6, Leabharlann A. K. Bell, Peairt.
- REID, J. (1832). *Bibliotheca Scoto-Celtica.* Glasgow.

- ROBERTSON, J. A. (1860). *Comitatus de Atholia. The earldom of Atholl: its boundaries stated*. [Edinburgh]
- ROBASTAN, T. NLS MS. 479.
- Seiseanan: ‘Acts of Discipline’, clàraidhean Seiseanan na h-Eaglais, Paraiste Bhlàir is Shruain, SRO CH2/430/3
- SINTON, T. (1906). *The Poetry of Badenoch*. Inverness.
- SMALL, J. (1755). ‘Reports & Answers by Ensign James Small, factor on the Estate of Strowan, [etc.]’, ann an V. Wills (ed.), *Reports on the Annexed Estates 1755–1769* (HMSO London 1973), pp. 30–36
- SMITH, A. M. (1982). *Jacobite Estates of the Forty-five*. Edinburgh.
- SSPCK 1774: *An Account of the Society in Scotland for Propagating Christian Knowledge, from its commencement in 1709*. Edinburgh.
- STEWART, A. (1928). *Highland Parish, or, the History of Fortingall*. Glasgow.
- STEWART OF GARTH, D. (1977). *Sketches of the Highlanders of Scotland*. Edinburgh; reprint of 1822 edition.
- STOBIE, J. (1783). Mapa, ‘The counties of Perth and Clackmannan’, LNA EMS.6.2.30
- WALLACE, E. M. [m.1990]. ‘Perthshire’s contribution to Gaelic culture’, tràchdas fo-cheumnach neo-fhoillsichte, Roinn na Ceiltis, Oilthigh Ghlaschu